

## Bòrd na Gàidhlig - Aithisg Neo-ionannachd Tuarastal nan Gnè airson 2020 agus 2021

Bha dùil ris a' chiad aithisg neo-ionannachd tuarastail gnè againn airson na bliadhna a' crìochnachadh sa Mhàrt 2020, ach air sgàth galar lèir-sgaoilte a' Chorònabhiorais, chaidh dàil a chur air na riathanasan aithris. Mar thoradh air seo, tha sinn air an cothrom a ghabhail ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dàta airson na bliadhna a chrìochnaich sa Mhàrt 2021 agus tha seo san aithisg a leanas.

Tha 'neo-ionannachd tuarastal nan gnè' na thomhas den eadar-dhealachadh eadar am pàigheadh cuibheasach airson gach uair a thìde a nì fir is boireannaich tron bhuidhinn air fad. Chan e tomhas de phàigheadh co-ionann a th' ann, 's e sin ri ràdh an t-eadar-dhealachadh pàighidh eadar fir is boireannaich a tha a' dèanamh na h-aon obrach, agus leis gu bheil sinn a' gabhail ri siostam pàighidh is ìrean Riaghaltas na h-Alba, tha sinn cinnteach gu bheil sinn a' dèanamh seo. Bidh sinn ag aithris air pàigheadh co-ionann tron aithisg bhliadhnail agus cunntasan againn, agus gheibhear an dreach as ùire an seo (cuir ceangal ris).

Mar bhuidheann phoblach neo-roinneil ann an Alba, feumaidh sinn dàta neo-ionannachd tuarastal nan gnè fhoillseachadh leis gu bheil còrr is 20 neach-obrach againn (22 luchd-obrach an dà chuid air 31 Màrt 2021 agus air 31 Màrt 2020). Tha seo a' toirt cothrom dhuinn coimhead air na tha a' tachairt anns a' bhuidhinn againn air na dòighean san urrainn dhuinn leasachaidhean a dhèanamh san raon seo.

Airson a bhith ag aithris air neo-ionannachd tuarastal nan gnè, feumaidh sinn coimhead air:

- An diofar eadar am pàigheadh cuibheasach a gheibh fir is boireannaich ('neo-ionannachd tuarastal nan gnè cuibheasach')
- An diofar eadar am pàigheadh-meadhain a gheibh fir is boireannaich (meadhan-ìre nan ìrean pàighidh fa leth sa bhuidhinn - 'neo-ionannachd tuarastal nan gnè meadhain')
- Cothromachadh fireannaich is boireannaich thar an luchd-obrach uile, agus ann an ceithir buidhnean den aon mheud nuair a tha iad air an rangachadh a rèir pàigheadh ('ceathramhailean')
- Cha bhi sinn a' pàigheadh bhònasan agus mar sin chan fheum sinn aithris air seo.

Tha neo-ionannachd tuarastail nan gnè airson an dà bhliadhna aithris air a sealltainn gu h-ìosal:

B' e an neo-ionannachd tuarastail gnè chuibheasach airson 2019/20 32.6% agus ann an 2020/2021 bha e aig 27.8%, a' ciallachadh gun do lùghdaich a' bheàrn 4.8% sa bhliadhna a dh'fhalbh.

B' e an neo-ionannachd tuarastail gnè meadhain airson 2019/20 34.1% agus ann an 2020/2021 bha e aig 31% a' ciallachadh gun do lùghdaich a' bheàrn 3.1% sa bhliadhna a dh'fhalbh. B' e neo-ionannachd tuarastail nan gnè meadhain ann an Alba airson an luchd-obrach uile ann an Alba, mar a chaidh aithris le Riaghaltas na h-Alba 10.9%. <sup>1</sup>

### Ceathramhailean Pàighidh

Ceathramhail	2020	2021
Ìosal	Fireannaich – 0%	Fireannaich – 0%

<sup>1</sup> Mion-sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba air Suirbhidh Bliadhnail air Uairean is Cosnadh, ONS

	Boireannaich – 100%	Boireannaich – 100%
Meadhanach-Ìosal	Fireannaich – 40% Boireannaich – 60%	Fireannaich – 60% Boireannaich – 40%
Meadhanach-Àrd	Fireannaich – 0% Boireannaich – 100%	Fireannaich – 0% Boireannaich – 100%
Àrd	Fireannaich – 83% Boireannaich – 17%	Fireannaich – 67% Boireannaich – 33%

Ged a tha neo-ionannachd tuarastail nan gnè air lùghdachadh eadar 2020 agus 2021, tha e nas àirde na ìre chuibheasach nan neo-ionannachd tuarastail gnè airson buidhnean air feadh na h-Alba.

Ged a tha pàigheadh co-ionann airson obair le luach co-ionann fhathast air a choileanadh tro bhith a' cleachdadh a' phròiseas measaidh obrach againn, faodaidh ìre neo-ionannachd tuarastail nan gnè againn atharrachadh air sgàth meud na buidhne agus atharrachaidhean anns an luchd-obrach againn bho bhliadhna gu bliadhna.

Tha ìre tionndaidh an luchd-obrach ann am Bòrd na Gàidhlig Ìosal agus air sgàth cho beag 's a tha a' bhuidheann, faodaidh na cothroman airson adhartas dreuchdail a bhith a' toirt ùine. Tha sinn air grunn cheumannan a ghabhail gus cuir ris na cothroman airson a h-uile duine air feadh na buidhne:

- Tro ghalar-sgaoilte a' Chorònbhìorais, bha an luchd-obrach againn ag obair bhon taigh. Rinn sinn sgrùdaidhean cunbhalach air an àite-obrach agus bho chionn ghoirid tha sinn air a dhol an sàs ann an ullachadh airson tilleadh a dh'obair sna h-oifisean againn. Bha miann mòr ann dòigh-obrach mheasgaichte a bhith againn agus tha sinn a-nis ag obair leis an luchd-obrach againn gus seo a chur an sàs. Mar thoradh air seo, tha sinn air ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh againn air obair shùbailte.
- Tha sinn mu thràth air àrdachadh fhaicinn anns an àireimh de luchd-obrach a tha sinn air fastadh a tha stèidhichte aig an taigh agus tha sinn den bheachd gun cuidich seo le bhith a' tàladh raon nas fharsainge de thagraichean gu dreuchdan bàna
- Tha sinn air pròiseas planaidh ùr airson leasachadh pearsanta a thoirt a-steach a bhios a' coimhead air amasan dreuchdail agus leasachadh leantainneach an luchd-obrach againn

Tha sinn a' planadh ghnìomhan eile againn cuideachd a tha sinn a' creidsinn a bheir piseach air ìre neo-ionannachd tuarastail nan gnè agus a chuidicheas sinn gus coileanadh.

- Dèan sgrùdadh air a' phròiseas fastaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad follaiseach, nach cuir iad bacadh no ana-cothrom air buidheann sònraichte sam bith
- Dèan lèirmheas air an fhiosrachadh stiùiridh againn a bhios an sgioba-stiùiridh agus am Bòrd-stiùiridh againn a' cleachdadh gus sùil a chumail air raointean leithid obrachadh sùbailte, àrdachadh, pàigheadh agus fastadh.
- Thoir a-steach pròiseas tàlant is leantainneachd a bhios a' feuchainn ri sùil a chumail air leasachadh a' phrìomh thàlant againn, a' gabhail a-steach boireannaich a dh'fhaodadh a bhith nan ceannardan san àm ri teachd.